# Cailean Coineanach



Air ath-innse le Diana Bentley • Dealbhan John Bendall-Brunello

# Cailean Coineanach



Air ath-innse le Diana Bentley

Dealbhan John Bendall-Brunello

A' Ghàidhlig Anna NicDhòmhnaill

STÒRLANN • ACAIR



Uair a bha siud
chunnaic Cailean Coineanach curran mòr.
“Bheir mi an curran seo dhachaigh agus
ithidh mi e,” thuirt Cailean.



Chaidh Cailean dhachaigh.

Cò bha aig an doras ach Goiridh Gobhar!



Uair a bha siud
chunnaic Cailean Coineanach curran mòr.
“Bheir mi an curran seo dhachaigh agus
ithidh mi e,” thuirt Cailean.



"Teich a-mach às a sin!"
thuirt Cailean Coineanach.
"Cha theich! Cha theich! Cha theich!"
thuirt Goiridh.



Chaidh Cailean Coineanach far an robh an cat.
"Tha Goiridh Gobhar san taigh agam,"
thuirt Cailean Coineanach.
"An cuidich thu mi?"



"Cha chuidich! Cha chuidich!" thuirt an cat.
Tha Goiridh Gobhar ro mhòr.
Cha chuidich mise idir thu."



Chaidh Cailean Coineanach far an robh an cù.
"Tha Goiridh Gobhar san taigh agam,"
thuirt Cailean Coineanach.
"An cuidich thu mi?"



"Cha chuidich! Cha chuidich!" thuirt an cù.
"Tha Goiridh Gobhar ro mhòr.
Cha chuidich mise idir thu."



Thàinig Seasaidh Seillean far an robh Cailean.

"Cuidichidh mise thu," thuirt i.

"Cuiridh mise Goiridh Gobhar a-mach."



Thuirt Seasaidh Seillean ri Goiridh Gobhar,
"Teich a-mach às a sin."
Thuirt Goiridh Gobhar,
"Cha theich! Cha theich! Cha theich!"



"Teichidh ged-tà," thuirt Seasaidh Seillean.
"Cuiridh mise a-mach thu."
Chaidh i sìos an similear.



“Aobh! Aobh! Aobh!” thuirt Goiridh Gobhar,
agus ruith e a-mach.
“A-nis ithidh mi an curran,”
thuirt Cailean Coineanach.